

# Thusa mar phàrant: Farpais-cheist

Cuir ceartcall timcheall air an fhreagairt cheart.

1. Tha do phàiste 5. Tha nàbaidh a' tadhal airson rudeigin. Tha do phàiste a' falach air do chùlaibh agus a' diùltadh bruidhinn riutha . Am bi thu:
  - a. A' trod rid phàiste agus a' toirt orra hallò a ràdh.
  - b. Ga leigeil seachad, tha iad dìreach caran diùid.
  - c. Gabh an leisgeul agus can nach eil iad ach beag
  - d. Dèan trod riutha a-rihist.
2. Tha do phàiste 6. Chan ith iad am biadh. Am bi thu:
  - a. A' toirt orra ithe mus faod iad am bòrd fhàgail.
  - b. A' leigeil leotha am bòrd fhàgail, agus am biadh.
  - c. A' toirt orra suidhe fhad 's a tha thusa agus daoine eile ag ithe.
  - d. A' faighinn rud eile dhaibh a dh'itheas iad.
3. Tha do phàiste 7 agus tha obair-dachaigh aca bhon sgoil. Am bi thu:
  - a. A' toirt orra a dhèanamh nuair a thilleas iad dhachaigh fhad 's a tha thusa a' dèanamh rud eile.
  - b. Can gu bheil e an urra riuthasan, mura dèan iad e's gum bi iad ann an trioblaid san sgoil iad fhèin as coireach.
  - c. Can riutha dhèanamh ma tha ùidh aca ann.
  - d. Dèan cinnteach gu bheil e dèante, cuidich iad ma tha feum aca air
4. Tha do phàiste 8. Tha thusa ag obair gu 5.00f . Tha iad air a bhith a' dol gu club às dèidh na sgoile ach tha iad airson stad. Mar sin:
  - a. Ma tha iad airson stad faodaidh iad.
  - b. Ma tha deagh bheachd aca air rud a dh'faodas iad a dhèanamh na àite faodaidh iad sin a dhèanamh.
  - c. Bruidhnidh sinn air feuch a bheil rud eile ann as urrainn dhuinn a dhèanamh, thuige sin cumaidh sinn a' dol.
  - d. Chan fhaod iad stad, feumaidh iad a dhol ann bhon a tha thusa ag obair.
5. Tha do phàiste10. A thaobh a bhith a' cuideachadh a-staigh:
  - a. Cha bhi iad a' dèanamh ghnìomhan no chores
  - b. Ma tha iad airson cuideachadh, faodaidh iad.
  - c. Tha uallach orra airson an rùm aca fhèin.
  - d. Bidh iad a' cuideachadh le glanadh agus a' dèanamh rudan mun taigh, gheibh iad airgead-pòcaid nuair a tha e deiseil.
6. Tha do phàiste12. A thaobh an eadar-lion:
  - a. Tha smachd phàrantan air gach rud a-staigh.
  - b. Chan eil smachd air sòn, tha sinn air bruidhinn aoir na tha ceadaichte dhaibh a dhèanamh air-loidhne.
  - c. Tha tablaid agus fòn-làimhe aca fhèin, chan eil fios agam dè bhios iad a' dèanamh air-loidhne.
  - d. Chan eil eadar-lion againn agus cha bhi sinn a' cleachdadadh sgrionainchean.

7. Tha do phàiste 13. A thaobh an aodaich a bhios orra:

- a. Tha thusa a' pàigheadh air a shon. Bidh thusa ga thaghadh.
- b. Gheibh iad an t-airgead agus faodaidh iad an rud a thogras iad a cheannach.
- c. Bidh aonta ga ruighinn.
- d. Faodaidh iad an rud a thogras iad a cheannach ma tha iad ga phàigheadh leis an airgead aca fhèin.

8. Tha do phàiste 14. Tha an rùm aca na bhùrach. Am bi thu:

- a. Ga ghlanadh's ga sgioblachadh.
- b. Ga fhàgail agus a' fuireach a-mach às.
- c. A'trod agus ag ràdh riutha a sgioblachadh.
- d. Thoir orra a ghlanadh agus a sgioblachadh ag ràdh gum faigh iad trèat ma nì iad e.

9. Tha do phàiste 15. Nuair a tha sibh a-machair an uair aig am feum iad a bhith dhachaigh air an deireadh-sheachdain:

- a. Faodaidh iad tilleadh ge bith cuin a thogras iad cho fad's nach dùisg iad thusa.
- b. Ro 10.00f gun a bhith nas annoiche.
- c. Uair sam bith (gun curfew), Bidh mi air mo chois gam feitheamh.
- d. Tha e a rèir dè tha iad a' dèanamh - cho fad's gu bheil fios agad dè tha iad ris.

10. Tha do phàiste 16. Tha iad ag iarraidh a dhol dhan Spàinn air saor-làithean còmhla ri caraidean. Tha thusa ag ràdh:

- a. Nach fhaod iad.
- b. Ma tha iad a' dol ann feumaidh iad fhèin pàigheadh.
- c. Faodaidh iad falbh, fhad's gun geall iad gun a bhith ag òl deoch-làidir no a' dèanamh sòn gorach.
- d. Chan fhaod iad falbh, ach faodaidh iad caraid a thoirt leotha air saor-làithean còmhla ris a' chòrr dhen teaghach.